



# ABAIR GÀIDHLIG 6

**FILEANTA**



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig

# ABAIR GÀIDHLIG 6



Éist ris an earrann a chluinneas tu an seo:



[https://www.storlann.co.uk/fileanta/wp-content/uploads/2019/08/Mi-Fhin-is-mo-Theaghlach\\_AG6.mp3](https://www.storlann.co.uk/fileanta/wp-content/uploads/2019/08/Mi-Fhin-is-mo-Theaghlach_AG6.mp3)

# ABAIR GÀIDHLIG 6



1. Dè am fiosrachadh a thug Iain seachad mu dheidhinn fhèin agus mu a bhràthair is a phiuthar aig toiseach na h-earrainn?
2. Carson a tha Iain den bheachd gur e baile air leth brèagha a th' ann?
3. (a) Dè a' bhuaidh a bhios aig sìde mhath air obair athair Iain?  
(b) Dè beachd Iain air obair athar?
4. (a) Carson a tha Iain a' smaoinichadh nach eil obair a mhàthar a' còrdadh rithe?  
(b) Thoir fiosrachadh mu phrìomh chur-seachad a mhàthar.
5. (a) Thoir fiosrachadh mu obair a bhràthair.  
(b) Dè tha sinn ag ionnsachadh mu nàdar Uilleim?
6. (a) Carson a bha Iain an toiseach toilichte nuair a dh'fhalbh a phiuthar dhan oilthigh?  
(b) Carson nach eil e a' faireachdainn mar seo a-nis?
7. Seall mar a tha teicneòlas a' toirt chothroman ùra do dh'òigridh a' bhaile.
8. A bharrachd air teaghlach, dè am prìomh chuspair a thog ceann ann an òraid Iain?

Thoir seachad eisimpleirean air mar a nochd an cuspair seo na òraid.

Tha thu fhèin a-nis a' dol a dh'ullachadh òraid mu na dh'fhaodadh tu a dhèanamh an dèidh dhut an sgoil fhàgail.

'S dòcha nach eil fios agad dè nì thu aig an ìre seo? Tha sin ceart gu leòr!

Beachdaich air na diofar roghainnean (bliadhna a-mach, obair san sgìre, foghlam àrd-ìre, ceàird...) a tha fad chomhair agus dè cho freagarrach 's a bhiodh iad dhut.

Ma tha fios agad dè nì thu, beachdaich air:

- na th' agad ri dhèanamh airson an t-amas seo a choileanadh
- far an dèan thu seo agus mar a bheir sin buaidh ort



# ABAIR GÀIDHLIG 6

- cosgais/tuarastal
- agus mar sin air adhart...

Sgriobh notaichean a chuidicheas tu nuair a bhios tu a' toirt seachad d' òraid dhan chlas.



Bi deiseil airson ceistean a fhreagairt.



Tha faclan mar **mo** agus **do** glè chudromach ann an cànan sam bith. Cha b' urrainn dhuinn mòran a ràdh sa Bheurla, mar eisimpleir, gun fhaclan mar *my, your, his, her...*

Èist a-rithist ris an earrainn a chuala tu agus gabh notaichean de fhaclan mar seo a tha a' nochdadh innte. Sgriobh na tha na faclan seo a' ciallachadh sa Bheurla.



Na gabh cus dragh ma bhios an eacarsaich seo doirbh, seo a' phuing-cànain air am bi sinn a' coimhead.

Chaidh a' chiad dhà a dhèanamh dhut.

**nam** theaghlach (**nam** = **in my**)

**m'** athair (**m'** = **my**)

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....



Nuair a bhios tu deiseil, bruidhinn ri sgoilearan eile mu na notaichean a ghabh sibh.

A bheil sibh uile air an aon ràmh?

# ABAIR GÀIDHLIG 6



## Puing-ionnsachaidh an Aonaid: Na h-Altan Pearsanta



Ann am buidhnean no mar chlas, beachdaich air mar a chuireadh tu crìoch anns na seantansan a leanas. Dh'fhaodadh gum bi agad ri barrachd air aon atharrachadh a dhèanamh.

**mi:** Tha \_\_\_\_\_ ceann goirt.

**thu:** A bheil \_\_\_\_\_ ceann goirt?

**e:** A bheil \_\_\_\_\_ ceann goirt?

**i:** A bheil \_\_\_\_\_ ceann goirt?

**sinn:** Tha \_\_\_\_\_ ceann goirt

**sibh:** A bheil \_\_\_\_\_ ceann goirt?

**iad:** A bheil \_\_\_\_\_ ceann goirt?



Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 6 (duilleag 2)* còmhla ris an tidsear.

Cuir crìoch air a' chlàr gu h-iseal:



		Notaichean	
mi	<b>mo (h)</b>	<b>m'</b> (ro fhuaimreagan)	<b>mo (h)</b> (ma ghabhas fhuaimneachadh)
thu			
e			
i			
sinn			
sibh			
iad			

# ABAIR GÀIDHLIG 6



Tha dà dhòigh air innse ann an Gàidhlig gum buin rudeigin dhut, mar eisimpleir:

*mo bhràthair*

*an sgoil agam*



Ann am buidhnean no mar chlas, beachdaichibh air cuin a bu chòir dhut **mo** a chleachdadh agus cuin a bu chòir dhut **agam** a chleachdadh.

Ciamar a dhèiligeadh sibh ris na h-ainmearan seo?



	<i>mo</i> no <i>agam</i> ?
seacaid	
càr	
piuthar	
beul	
baile	
caraid	

**Coimhead air PowerPoint Abair Gàidhlig 6 (duilleag 3) còmhla ris an tidsear.**

Ann am buidhnean no mar chlas, beachdaichibh air mar a bhios sinn a' cur nam faclan a leanas le chèile:

ri taobh + mi .....

air beulaibh + thu .....

os cionn + e .....

air cùlaibh + i .....

# ABAIR GÀIDHLIG 6

Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 6* (duilleag 4)  
còmhla ris an tidsear.

A-nis, eadar-theangaich na seantansan a leanas:

I did it for your sake. ....

He arrived after her. ....

The school is opposite me. ....

I won't go to Glasgow without him. ....

Ann am buidhnean no mar chlas, beachdaich air mar a bhios sinn uaireannan a' cur *mo, do...* gu feum le gnìomhairean.



mi	<b>mo (h)</b>
thu	<b>do (h)</b>
e	<b>a (h)</b>
i	<b>a</b>
sinn	<b>ar</b>
sibh	<b>ur</b>
iad	<b>an/am</b>

## ABAIR GÀIDHLIG 6

Feuch ri na seantansan a leanas eadar-theangachadh:

It was good to see you today.

.....

I want to hear them again.

.....

He has hurt me.

.....

I have bought it.

.....

She was caught by the police.

.....

We were seen.

.....

**Coimhead air PowerPoint Abair Gàidhlig 6 (duilleag 4)  
còmhla ris an tidsear.**

Feuch a-nis ri na seantansan a leanas eadar-theangachadh:

It was right to help them.

.....

I don't want to see her.

.....

He has built them.

.....

I will have completed it by five o' clock.

.....

It was bought for a hundred pounds.

.....



# ABAIR GÀIDHLIG 6



Tha tuigse air a' chlàr gu h-ìseal air leth cudromach gus am bi Gàidhlig ghlan againn.



mi	<b>mo (h)</b>
thu	<b>do (h)</b>
e	<b>a (h)</b>
i	<b>a</b>
sinn	<b>ar</b>
sibh	<b>ur</b>
iad	<b>an/am</b>



Ach, tha sinn a-nis a' dol a ghabhail ceum a bharrachd!

Ann am buidhnean, beachdaichibh air na tha ceàrr air na seantansan a leanas.

Ceartaich iad.

Tha mi a' faicinn e. ....

Tha mi a' cluinntinn thu. ....

Tha e a' creidsinn mi. ....

Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 6* (duilleag 6 agus 7) còmhla ris an tidsear.

## ABAIR GÀIDHLIG 6

Ann am buidhnean no mar chlas, feuchaibh a-nis ri na seantansan a leanas eadar-theangachadh. Chan fhaod sibh **ach**, **tha** no **chan eil** a chleachdadh aig toiseach gach seantans.

I don't understand them. ....

She's not going to buy it. ....

They are helping us. ....

**Coimhead air PowerPoint Abair Gàidhlig 6 (duilleag 8)  
còmhla ris an tidsear.**



Eadar-theangaich na seantansan a leanas bho Ghàidhlig gu Beurla.

Dh'fhaodadh gum bi an clàr gu h-ìseal feumail.

mi	<b>mo (h)</b>	<b>gam (h)</b>
thu	<b>do (h)</b>	<b>gad (h)</b>
e	<b>a (h)</b>	<b>ga (h)</b>
i	<b>a</b>	<b>ga</b>
sinn	<b>ar</b>	<b>gar</b>
sibh	<b>ur</b>	<b>gur</b>
iad	<b>an/am</b>	<b>gan/gam</b>

Bidh mi ga chluich a h-uile latha. ....

Bidh sinn gur cluinntinn air an rèidio. ....

Bidh e gan seinn aig a' chèilidh. ....

Bidh an cù gam dhùsgadh sa mhadainn. ....

# ABAIR GÀIDHLIG 6



**Ceartaich na seantansan a leanas.**

Tha mi ag aithneachadh thu.

.....

Tha i a' gluasad e.

.....

Chan eil sinn a' bruidhinn i.

.....

Tha e a' dràibheadh e.

.....



**Eadar-theangaich na seantansan a leanas bho Bheurla gu Gàidhlig.**

We don't see you much.

.....

I sail it on the loch.

.....

They lock them at five o' clock.

.....

She makes it in the morning.

.....

## ABAIR GÀIDHLIG 6



Mar a chunnaic thu roimhe, tha tuigse air a' chlàr gu h-iseal air leth cudromach gus am bi Gàidhlig ghlan againn...

mi	mo (h)	gam (h)
thu	do (h)	gad (h)
e	a (h)	ga (h)
i	a	ga
sinn	ar	gar
sibh	ur	gur
iad	an/am	gan/gam

... ach tha aon cheum a bharrachd ann!



Ann am buidhnean no mar chlas, beachdaich air na tha **ceàrr** air na seantansan a leanas. Ceartaich iad an uair sin – tha **dà** dhòigh air sin a dhèanamh.

Tha mi iasgair. ....

Tha e cluicheadair ball-coise. ....

Tha i poileas. ....

Tha m' athair dràibhear. ....

# ABAIR GÀIDHLIG 6

Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 6* (duilleag 9 gu 11 )  
còmhla ris an tidsear.

mi	mo (h)	gam (h)	nam (h)
thu	do (h)	gad (h)	nad (h)
e	a (h)	ga (h)	na (h)
i	a	ga	na
sinn	ar	gar	nar
sibh	ur	gur	nur
iad	an/am	gan/gam	nan/nam

**Atharraich na seantansan a leanas gu seantansan a tha a' tòiseachadh le *Tha*.**

Dh'fhaodadh gum bi an clàr gu h-àrd feumail.



'S e ministear a th' annam.

.....

'S e ruitheadair a th' ann an Iain.

.....

'S e nurs a th' ann am Màiri.

.....

'S e ceannard-sgoile a tha nam athair.

.....

# ABAIR GÀIDHLIG 6

**Atharraich na seantansan a leanas gu seantansan a tha a' tòiseachadh le 'S e.**

Dh'fhaodadh gum bi an clàr air duilleag 13 feumail.



Tha sinn nar sgoilearan.

.....

Bidh Eilidh na seinneadair.

.....

Bha Murchadh na iasgair.

.....

Tha mo bhràthair na oileanach.

.....



Ann am buidhnean no mar chlas, beachdaichibh air suidheachaidhean eile anns am bi sinn a' cleachdadh *nam*....

Sgrìobh eisimpleirean air mar a bhios sinn a' cleachdadh *nam* anns na suidheachaidhean seo.



.....

.....

.....

.....

.....

# ABAIR GÀIDHLIG 6

Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 6* (duilleag 12 agus 13 )  
còmhla ris an tidsear.

**Eadar-theangaich na leanas bhon Bheurla:**

(Cha bhi thu a' cur feum air **nam** anns a h-uile seantans.)



He was standing near the shop.  
.....

There's not a penny in my wallet.  
.....

She is sitting down on the chair.  
.....

The cars were stopped on the road for an hour.  
.....

She's asleep.  
.....

There is a strange taste in my mouth.  
.....

The baby is waking up.  
.....

The cat was stretched out by the fire.  
.....



Èist a-rithist ris an earrainn a chuala tu aig toiseach an aonaid seo.

An urrainn dhut barrachd fhaclan (a leithid: **mo, gam, nam...**) a lorg a-nis?

Beachdaich air gach eisimpleir – dè dìreach a tha iad a' ciallachadh?